



Leasan 25: Fuadaichean ann am Barraigh

1. An Sgeulachd

<http://www.tobarandualchais.co.uk/gd/fullrecord/96973>

2. Gnìomhan do Sgoilearan

a. Ceistean

Èist ris an earrainn agus freagair na ceistean, a' cleachdadh nam faclan agad fhèin. Tha Annag NicFhionghain à Barraigh a' bruidhinn ri Mòrag NicLeòid (Sgoil Eòlais na h-Alba).

1. Cò dh'inns an naidheachd do dh'Annag?
2. Dè thug rabhadh do na gillean gun robh rudeigin ceàrr?
3. Dè an coltas a bha air na taighean nuair a ràinig iad am baile?
4. Dè thachair do na daoine shìos aig a' chladach?
5. Carson nach do dh'fhuirich am fear anns a' bheinn?
6. Dè chuir iongnadh air na daoine eile nuair a ràinig iad an taobh thall?
7. Cò às a thàinig iar-ogha nan daoine a chaidh fhuadach?
8. Dè thachair nuair a thàinig an iar-ogha a Bharraigh?

b. Ealain

Sgrìobh sgrìobt anns a bheilear a' ceasnachadh a' Chòirneil Iain Gòrdan airson nan eucoirean a rinn e an aghaidh nan daoine.

1. Dè na casaidean a tha gan cur às leth a' Chòirneil?
2. Cò bheir seachad fianais?
3. Cò bhios air an diùraidh?
4. Cò bhios a' dìon a' Chòirneil?
5. Dè an co-dhùnadh a nì am brìtheamh?

Dèan deiseil airson an sgrìobt agad a thaisbeanadh.

3. Stuthan Taic

a. Briathrachas

a' comhartaich – fuaim a nì coin

a' geumnaich – fuaim a nì crodh

mias, miasan – amar, soitheach airson bainne/uisge

gan caoileadh – (anns an sgeulachd seo) daoine gan coiseachd gu àite ann an loidhne

sgothan – bàtaichean-siùil meadhanach mòr, fosgailte

iar-ogha – mac no nighean le ogha neach

sinnsearachd – na daoine a thàinig roimhe san teaghlach

b. Geàrr-chunntas

Tha Annag NicFhionghain ag innse mu fhuadaichean ann am Barraigh, agus mar a chuireadh daoine às na taighean.

c. Na Fuadaichean ann am Barraigh

Bha na Fuadaichean gu math brùideil ann am Barraigh. Thachair iad fo ùghdarras a' Chòirneil Iain Gòrdan, à Cluainidh, a bha air Barraigh agus Uibhist a Deas a cheannach o Cheann-cinnidh Chlann Raghnaill ann an 1838.

Ann an 1851, chuir an Còirneal air dòigh coinneamh phoblach, le rabhadh gun cuirte càin air duine sam bith nach biodh an làthair. Chaidh còrr is mìle gu leth duine a thoirt am bruid aig a' choinneimh sin. Chaidh an cur far an fhearainn agus a-null a Chanada an aghaidh an toil. Mar a rinn am bodach san aithris aig Annag, theich mòran fhear dhan bheinn, ach chaidh na maoir às an dèidh le coin agus thugadh am bruid iad.

Chaidh mòran theaghlacha a sgaradh o chèile agus bha feadhainn ann nach fhaca an càirdean gu bràth tuilleadh. Ràinig feadhainn eile Glaschu, agus nuair a dh'fhaighnich na h-ùghdarrasan an sin dhan Chòirneal dè bha e an dùil a dhèanamh dhaibh, thuirt e nach dèanadh e sgath.

4. Fiosrachadh Eile

a. Am Fiosraiche

Annag NicFhionghain. Rugadh agus thogadh i ann am Barraigh.

b. Ceanglaichean

Fuadaichean is eilthireachd ann am Barraigh.

<http://www.tobarandualchais.co.uk/gd/fullrecord/1594/1>

Micheal Eòin MacNèill; Mary Flora MacNeill.

Fiosrachadh mun fheadhainn mu dheireadh a dh'fhalbh à Barraigh a-null thairis. Chaidh teaghlach à Buaille nam Bodach agus fear Niall mac Eòin fhuadach. Chaidh esan am falach

fhad 's a bha an còrr dhen teaghlach air am fuadach. Theab am fiosraiche is a bhean eilthireachd a dhèanamh anns na 1920an. Còmhradh mu fheadhainn a thàinig dhachaigh.

5. Freagairtean

Tidsearan: cuiribh post-d gu dualchas@smo.uhi.ac.uk gus lethbhreac de na freagairtean airson nan leasan air fad fhaighinn.